

## Faclan agus briathrachas sònraichte

Anns a h-uile cuspair no dreuchd, tha facail shònraichte ann a thèid a chleachdadh airson bruidhinn is sgrìobhadh ma dheidhinn gu pongail, mionaideach. Tha briathrachas sònraichte ann airson cànan is cainnt a mhìneachadh, agus air na duilleagan seo gheibhear liosta de na facail as cumanta le mìneachadh orra.

### Anns an fharsaingeachd

#### **Fuaimreag**

Na litrichean *a, e, i, o, u*. Mas ann fada a tha iad, bidh stràc os an cionn: *à, è, ì, ò, ù*. Tha an diofar eadar goirid is fada ri fhaicinn anns na facail seo: *bas ~ bàs, ur ~ ùr*.

#### **Connrag**

Na litrichean eile *b, c, d, f, g, h, l, m, n, p, r, s, t*. Tha *h* eadar-dhealaichte bhon chòrr agus bidh e air a chleachdadh às dèidh chonnragan eile airson am fuaim aca atharrachadh.

Is iad *l, n, r* na h-aon chonnragan a ghabhas sgrìobhadh gu dùbailte, m.e. *ball, ceann, tòrr*, agus cha bhi *h* air a sgrìobhadh às an dèidh airson sèimheachadh a chomharrachadh.

#### **Leathann**

Tha na fuaimreagan *a, o, u* leathann, agus tha connragan air gach taobh dhiubh leathann cuideachd.

#### **Caol**

Tha na fuaimreagan *e* agus *i* caol, agus tha connragan air gach taobh dhiubh caol cuideachd.

Tha an diofar eadar connragan caola is leathann ri fhaicinn anns na facail seo: *càs ~ càis, dubh ~ diugh, silidh ~ siolaidh*.

#### **Caolachadh**

Tha caolachadh a' tachairt do na connragan aig deireadh facail nuair a dh'fhàsas iad caol. Ann an sgrìobhadh tha seo air a chomharrachadh le *i* ro na connragan mu dheireadh, m.e. *balach ~ balaich, bàs ~ bàis, àrd ~ àird*.

#### **Sèimheachadh**

Tha sèimheachadh a' tachairt ann an connragan nuair a bhios fuaim connraig ag atharrachadh. Ann an sgrìobhadh tha seo air a chomharrachadh le *h* às dèidh na connraig, m.e. *ceann ~ mo cheann, seas ~ sheas mi*.

Gabhaidh na connragan *l, n, r* sèimheachadh ann an labhairt cuideachd ach cha bhi *h* air a sgrìobhadh às an dèidh.

#### **Tàthan**

'S e seo an loidhne ghoirid a cheanglas dà fhacal (no dà phàirt de dh'fhacal) ri chèile, m.e. *seòmar-suidhe, bus-sgoile, in-imrich, luchd-obrach*.

#### **Lide**

'S e th' ann an lide ach pàirt de dh'fhacal anns a bheil fuaimreag (le no gun chonnragan). 'S e aon lide a tha ann am mòran fhacal goirid, m.e. *bò, càr, dad*. Tha dà lide ann am facail mar *balach (ba-lach)* agus *doras (do-ras)*, agus trì ann an *annasach (ann-as-ach)* agus *cadalach (ca-da-lach)*. Tha na buadhairean *aon-lideach, dà-lideach, trì-lideach* agus *ioma-lideach* stèidhte air *lide* fhèin.

#### **Ainmear**

'S e ainm nì no creutair a th' ann an ainmear: rud a chì, a chluinneas no a dh'fhairicheas duine. Tha na faicail a leanas air an cleachdadh airson ainmear a mhìneachadh no a shònrachadh.

#### *Cruthach*

Tha ainmear cruthach na rud a chìthear no a chluinnear, m.e. *bòrd, cat, bròg*.

#### *Eas-cruthach*

Cha gabhadh ainmear eas-cruthach faicinn no cluinntinn, ach gabhadh e faireachdainn, m.e. *acras, bròn, tàmailt*.

#### **Gnè**

Tha gach ainmear sa Ghàidhlig fireann air neo boireann ann an seagh gràmarail. Tha cuid bheag de dh'ainmearan ann a tha fireann ann an cuid de dhualchainntean ach boireann ann an dualchainntean eile. Tha gnè cudromach oir glè thric bidh alt eadar-dhealaichte aig ainmearan fireann is boireann, m.e. *am bòrd* ach *a' bhròg*. Bheir gnè buaidh air cruth a' bhuadhair cuideachd, m.e. *am bòrd mòr* ach *a' bhròg mhòr*.

#### *Boireann*

Ma tha *-achd* aig deireadh ainmeir anns a bheil còrr is aon lide, bidh an t-ainmear boireann, m.e. *siobhaltachd, nàiseantachd*.

Ma tha *-ag* aig deireadh ainmeir anns a bheil còrr is aon lide, bidh an t-ainmear boireann, m.e. *cuileag, uinneag*. (Ge-tà, tha *aiseag* fireann.)

Mas e *-i-* an fhuaimreag mu dheireadh anns an ainmear, tha deagh theansa ann gu bheil an t-ainmear boireann cuideachd, m.e. *bracaist, seacaid, sgoil*. (Tha ainmearan co-cheangailte ri daoine le *-air* aig an deireadh fireann, ge-tà, m.e. *seòladair, iasgair, trustair*.)

A bharrachd air na trì seòrsaichean seo, mar as trice bidh ainmearan sònraichte eile boireann ged a tha coltas fireann orra:

- ionnstramaidean traidiseanta ciùil, m.e. *piob, clàrsach*;
- rudan a chithear sna speuran, m.e. *grian, gealach*;
- dùthchannan, m.e. *Alba, an t-Suain*;
- buill na bodhaig, m.e. *cas, làmh*;
- creutairean boireann, m.e. *piuthar, bò*.

#### *Fireann*

Mura buin ainmear ris na seòrsaichean boireann gu h-àrd, mar as trice bidh iad fireann, m.e. *doras, cuilean, pàipear*.

#### **Àireamh**

Tha trì àireamhan sa Ghàidhlig ann an seagh gràmarail a rèir a bheil aon ann, no dhà, no trì agus barrachd. Tha àireamh a' toirt buaidh air cruth an ainmeir a bharrachd air an alt 's air a' bhuadhair. Tha ainmearan a leanas *fichead, leth-cheud, ceud* agus *mile* anns a' chruth shingilte.

#### *Singilte*

Nuair a bhios aon de rudeigin ann, bidh an t-ainmear singilte, m.e. *òran, aon bhròg, an càr*. Ge-tà, 's e an cruth singilte a leanas *fichead, leth-cheud, ceud, mile* agus *muillean*.

#### *Dùbailte*

Nuair a leanas ainmear an àireamh *dà*, bidh e sa chruth dhùbailte a bhios uaireannan eadar-dhealaichte bhon chruth shingilte, m.e. *dà òran, dà bhròg, dà chàr*.

#### *Iolra*

Nuair a bhios trì no barrachd de rudeigin ann, bidh an t-ainmear iolra, m.e. *òrain, na brògan, còig càraichean*.

### Alt

'S e an t-alt am facal beag a nochdas ro ainmear airson an t-ainmear a shònrachadh, m.e. *am bòrd, an duine, na sràidean*.

Bidh cruth an uilt ag atharrachadh a rèir gnè, àireamh is tuiseal an ainmeir, m.e. *am bòrd ~ a' bhròg, am bòrd ~ na bùird, air a' bhòrd ~ air an ùrlar, màthair a' bhalaich ~ màthair na caileige, athair nam balach ~ athair nan caileagan*.

### Tuiseal

A rèir far a bheil ainmear ann an rosgrann no a rèir mar a bhios facail eile a' toirt buaidh air, bidh cruth an ainmeir glè thric ag atharrachadh agus 's e tuiseal an t-ainm a th' air an atharrachadh sin. Bidh an t-alt agus am buadhair ag atharrachadh cuideachd a rèir cò an tuiseal anns a bheil an t-ainmear. Tha ceithir tuisealan sa Ghàidhlig.

#### An Tuiseal Bunasach

'S e seo cruth àbhaisteach an ainmeir (agus an uilt 's a' bhoadhair), an cruth a th' air an ainmear ann am faclair no an cruth a thèid a chleachdadh mar fhreagairt don cheist '*Dè tha siud?*', m.e. *cat, an cat, gealach, a' ghealach*.

#### An Tuiseal Tabhartach

'S e seo cruth an ainmeir (agus an uilt 's a' bhoadhair) nuair a leanas e roimhear sìmplidh agus an t-alt, m.e. *leis a' chat, air a' ghealach*. Bidh ainmearan anns an tuiseal tabhartach às dèidh nan roimhearan sìmplidh a leanas: *aig, air, anns, às, bho, de, do/dha, fo, leis, ris, ro, tro*.

#### An Tuiseal Ginideach

'S e seo cruth an ainmeir (agus an uilt 's a' bhoadhair) ann an trì suidheachaidhean sònraichte:

1. Nuair a bhios dà ainmear ceangailte no pòsta ri chèile 's nuair as ann leis an dàrna ainmear a tha a' chiad fhear, m.e. *bus na sgoile bige, màthair a' bhalaich mhòir, facail nan òran beaga, seòmar-cadail, maighstir-sgoile*.
2. Nuair a leanas ainmear (leis an alt) ainmear gnìomhaireach, m.e. *a' peantadh an dorais, a' ceannach nan leabhraichean, a' fosgladh na h-uinneige*;
3. Nuair a leanas ainmear roimhear fillte no cuid bheag de roimhearan sìmplidh, m.e. *ri taobh na sgoile, mu choinneimh a' bhodaich, thar na mara, rè na bliadhna*. Chan eil ach beagan roimhearan sìmplidh ann a tha ag iarraidh an tuiseil ghinidich, m.e. *thar, chun, rè*.

#### An Tuiseal Gairmeach

'S e cruth ainmeir gun alt a tha seo a bhios air a chleachdadh ann a bhith a' bruidhinn gu dìreach ri cuideigin, m.e. *Ciamar a tha sibh, a Mhòrag? Dè do chor, a bhalaich? Trobhadaibh a-nall an seo, a chàirdean*.

Chan e an t-alt a th' ann an a, ach facal goirid nach bi air a chleachdadh ach anns an tuiseal ghairmeach.

### Ainmear Gnìomhaireach

'S e ainmear a tha seo a tha stèidhte air gnìomhair, m.e. *coisich ~ coiseachd, fosgail ~ fosgladh, tog ~ togail*.

Bidh an t-ainmear gnìomhaireach air a chleachdadh gu tric airson tràthan leantainneach a chur an cèill, m.e. *Bha sinn a' coiseachd dhachaigh; Bidh iad a' fosgladh nan dorsan a dh'aithghearr; Tha a' chomhairle a' togail sgoil ùr an-dràsta*.

'S e ainmear a tha ann, ge-tà, a ghabhas cleachdadh mar ainmear sam bith eile, m.e. *Thug a' choiseachd ùine fhada; Bidh am fosgladh oifigeil ann a-màireach, agus tha iad fireann no boireann*.

### **Buadhair**

'S e th' ann am buadhair ach facal a dh'inneas cò ris a tha ainmear coltach, m.e. *mòr, àrd, bòidheach*.

Mas ann dlùth-cheangailte ri ainmear a tha buadhair, bidh e ag atharrachadh a rèir gnè an ainmeir, m.e. *doras mòr, uinneag mhòr*. Bidh e cuideachd ag atharrachadh a rèir tuiseal an ainmeir, m.e. *aig an doras mhòr, aig an uinneig mhòir, a' glanadh an dorais mhòir, a' glanadh na h-uinneige mòire*. Bidh buadhairean le aon lide ag atharrachadh ma tha an t-ainmear iolra, m.e. *a' bheinn àrd, na beanntan àrda; an t-òran mòr, na h-òrain mhòra*.

Ma thèid *-i-* a chur a-steach aig deireadh ainmeir, bidh na buadhairean às a dhèidh air an sèimheachadh, m.e. *am balach bàn, màthair a' bhalaich bhàn, na balaich bhàna*.

### **An ire choimeasach**

'S e cruth den bhuadhair a tha seo a bhios air a chleachdadh ann a bhith a' dèanamh coimeas ri rudeigin eile, m.e. *Tha Màiri nas àirde na Calum, Tha an càr geal nas ùire na an càr dearg, Tha Peairt nas motha na Sruighlea*.

### **An ire fheabhasach**

Tha an cruth seo den bhuadhair air a chleachdadh airson innse gu bheil rud aig ìre cho àrd 's a ghabhas, m.e. *'S e lain as àirde, 'S e an càr seo às ùire, 'S e Glaschu as motha*.

### **Buadhair Gnìomhaireach**

'S e buadhair a tha seo a tha stèidhte air gnìomhair, m.e. *pòs ~ pòsta, dèan ~ dèanta/dèante*.

Aig aon àm, ma bha fuaimreag mu dheireadh a' ghnìomhair leathann, 's e *-ta* a chuirte ris airson am buadhair a dhèanamh, ach a-nis tha *-te* nas cumanta ged a bhiodh deireadh a' ghnìomhair caol no leathann.

Bidh buadhairean gnìomhaireach a' sèimheachadh a rèir nan riaghailtean àbhaisteach mar a bhios buadhairean sam bith eile, m.e. *fear pòsta, obair chrìochnaichte*.

### **Gnìomhair**

'S e th' ann an gnìomhair facal a dh'inneas dè tha a' tachairt no dè tha rudeigin no cuideigin a' dèanamh, m.e. *Dh'ith mi ubhal, Shuidh mi, Ceannaich e còta*.

### **Freumh**

'S e seo freumh no bunait a' ghnìomhair, a' phàirt dheth às a bheil gach cumadh eile a' tighinn, m.e. *ith, suidh, ceannaich*. 'S e seo cuideachd a' phàirt a thèid a chleachdadh airson iarraidh air cuideigin rudeigin a dhèanamh, m.e. *Ith siud, Suidh an seo, Ceannaich rud dhut fhèin*.

### **Tràth**

Tha tràth a' ghnìomhair ag innse cuin a tha no bha no bhitheas no bhitheadh rudeigin a' tachairt, eadar a bheil e a' tachairt an-dràsta, an do thachair mar-thà, an tachair e fhathast, no an tachradh e uaireigin.

#### **An Tràth Làthaireil**

Tha an tràth seo air a chleachdadh airson innse mu nithean a tha a' tachairt an-dràsta, m.e. *Tha iad a' falbh; Tha Iseabail a' gabhail a bracaist; Tha sibh sgìth*.

#### **An Tràth Caithte**

Tha seo air a chleachdadh airson innse mu rud a thachair 's a tha a-nis seachad, m.e. *Dh'fhalbh iad; Ghabh Iseabail a bracaist; Bha sibh sgìth*.

#### **An Tràth Teachdail**

Tha seo air a chleachdadh airson innse mu rud nach do thachair fhathast, m.e. *Falbhaidh iad a-màireach, Gabhaidh Iseabail a bracaist a dh'aithghearr; Bidh sibh sgìth.*

#### An Tràth Cumhach

Tha seo air a chleachdadh ann an dà dhòigh:

1. Airson innse mu rudan a thachradh uaireigin, 's dòcha, m.e. *Dh'fhalbhadh iad air làithean-saora nam biodh an t-airgead aca; Ghabhadh Iseabail a bracaist nam biodh tìde aice; Bhiodh sibh sgìth nan dèanadh sibh cus.*
2. Airson innse mu rudan a thachradh tric is minig, m.e. *Nuair a dh'fhalbhadh iadsan, thigeadh daoine eile nan àite; Ghabhadh Iseabail a bracaist agus dh'fhalbhadh i; Bhiodh sibh sgìth a h-uile madainn.*

Bidh a' Ghàidhlig (agus cànanan Eòrpach eile) a' cumail ris an aon tràth ann an rosgrannan, ged nach bi a' Bheurla daonnan, m.e. *Nuair a bhiodh i sgìth, dh'fhàsadh Anna crosta (When she ~~would be~~ was tired, Anne would become short-tempered); Nam faicinn fear, cheannaichinn e (If I ~~would see~~ saw one, I'd buy it.)*

#### Na Tràthan Leantainneach

Tha na tràthan leantainneach a' cleachdadh nan diofar thràthan aig a' ghnìomhair *bi* agus ainmear gnìomhaireach, m.e.

*Bha a' ghaoth a' falbh 's a' tighinn.*

*Bidh Mairead a' falbh ann an còig mionaidean.*

*Bidh Seumas a' dol dhan Fhraing a h-uile samhraidh.*

*Bhiodh Seonag ag obair na dotair a-nis, ach cha d' fhuair i an cothrom.*

*Bhiodh Calum a' sgrìobhadh bàrdachd nuair a bha e òg.*

Tha *bidh* agus *bhiodh* air an cleachdadh ann an dà dhòigh mar a tha na rosgrannan gu h-àrd a' taisbeanadh.

#### Guth

Bidh gnìomhairean an dàrna cuid anns a' ghuth spreigeach no sa ghuth fhulangach, agus tha cumaidhean nan gnìomhairean eadar-dhealaichte a rèir a' ghuth anns a bheil iad.

#### An Guth Spreigeach

'S e seo cumadh àbhaisteach a' ghnìomhair, far a bheil rosgrannan ag innse gun do rinn an cùisear rudeigin air a' chuspair, m.e. *Dh'itheadh Iain an t-aran; Bhid an cù an cat; Togaidh sinn fonn.*

#### An Guth Fulangach

'S e seo cumadh sònraichte a' ghnìomhair ann an rosgrannan far a bheil cuspair ach nach eil e soilleir cò no dè an cùisear, m.e. *Dh'ithte an t-aran; Bhideadh an cat; Togar fonn.*

#### Cùisear

'S e seo an rud no an neach a tha a' dèanamh rudeigin ann an rosgrann. Anns a' Ghàidhlig ann an rosgrannan anns a' ghuth spreigeach, tha an cùisear a' leantainn a' ghnìomhair, m.e. *Molaidh Màiri Murchadh, ma mholas Murchadh Màiri.*

#### Cuspair

'S e seo an rud no an neach air a bheil rudeigin ga dhèanamh ann an rosgrann, m.e. *Molaidh Màiri Murchadh, ma mholas Murchadh Màiri.*

#### Roimhear

Tha roimhear na fhacal a thèid air thoiseach air ainmear is alt airson soilleireachadh far a bheil rudeigin, m.e. *anns a' ghàrradh, aig an doras.* Tha cuid de na roimhearan co-cheangailte ri tim seach àite, m.e. *às dèidh na bracaist, ro Dhiluain.*

Tha roimhearan sìmplidh agus fillte ann.

### **Roimhearan Simplidh**

'S e aon fhacal a tha seo, m.e. *aig, tro, thar*, agus bidh ainmearan a leanas iad a' dol dhan tuiseal tabhartach mar as trice.

Ach tha roimhearan sìmplidh ann a chuireas ainmearan dhan tuiseal ghinideach, ged nach eil mòran ann. 'S iad *chun, fad, rè, thar* agus *trid* na roimhearan sìmplidh as cumanta a chuireas ainmearan dhan tuiseal ghinideach, m.e. *chun an dorais, fad bhliadhnachan*.

### **Roimhearan Fillte**

Mar as trice 's e dà fhacal a th' ann an roimhear fillte, roimhear sìmplidh aig an toiseach agus ainmear às a dhèidh, ged nach aithnichear a h-uile h-ainmear ann an Gàidhlig an latha an-diugh, m.e. *ri taobh, os cionn, airson, air sgàth*. Bidh na roimhearan fillte seo a' cur ainmearan dhan tuiseal ghinideach, m.e. *os cionn a' bhaile mhòir, ri taobh an ospadail, airson na h-Alba*.

### **Co-ghnìomhair**

Tha co-ghnìomhair na fhacal a dh'atharraicheas no a shoilleiricheas na tha gnìomhair, buadhair no co-ghnìomhair eile a' ciallachadh, m.e. *Sheinn iad gu math; Sheinn iad gu slaodach; Sheinn iad an seo; Sheinn iad an-dè*.

Agus tha diofar sheòrsaichean ann.

### **Co-ghnìomhairean Time**

Tha iad seo ag innse cuin a thachair no a thachras rudeigin agus mar as trice bidh iad air an sgrìobhadh mar dhà fhacal air an ceangal le tàthan, m.e. *an-diugh, an-uiridh, a' bhòn-dè, a-màireach* ach a dh'aithghearr, *am bitheantas*.

### **Co-ghnìomhairean Àite**

Tha iad seo ag innse far an do thachair no an tachair rudeigin agus iad air an sgrìobhadh le no gun tàthan ma tha còrr is aon fhacal annta, m.e. *an seo, an siud, a-null, a-nuas, thall*.

### **Co-ghnìomhairean Dòigh**

Tha iad seo ag innse mar a thachair no a thachras rudeigin, agus iad air an cur ri chèile le *gu* agus buadhair, m.e. *gu mòr, gu luath, gu h-àbhaisteach*.

### **Riochdair**

Is iad seo na facail mar *mi, thu, e, i, sinn, sibh, iad, mise, thusa* is eile.

### **Riochdairean Roimhearach**

Is iad seo na facail a gheibhear nuair a chuirear riochdair ri roimhear, m.e. *aig + mi = agam; le + iadsan = leothasan; tro + sinn = tromhainn*.